

Geàrr-chunntas Atharrachaidhean Cùrsa Nàiseanta: Cruinn-eòlas



Nàiseanta 4, Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach: seisean 2021–22

Nàiseanta 4

Aonad luach leasaichte

Tha an riatanas airson an aonad luach leasaichte a chrìochnachadh air a thoirt air falbh airson seisean 2021–22. Gus an duais cùrsa iomlan airson Nàiseanta 4 a choileanadh san t-seisean seo, feumaidh tagraichean pas fhaighinn sa h-uile h-aonad eile sa chùrsa Nàiseanta 4. Feumaidh tu toradh ‘pas’ a chur a-steach airson an aonad luach leasaichte gus dèanamh cinnteach gu faigh na tagraichean agad teisteanas airson duais a’ chùrsa.

Cha leig thu leas fianais a chruinneachadh airson an aonad luach leasaichte san t-seisean seo; ach, tha e cudromach gun toir thu cothroman do thagraichean na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a tha air am mìneachadh ann an sònrachadh aonad luach leasaichte Nàiseanta 4 a leasachadh agus a thaisbeanadh, far a bheil sin comasach. Bheir seo taic do na tagraichean agad agus iad a’ dol air adhart gu tuilleadh ionnsachaidh agus measaidh aig ìre 5 SCQF.

Nàiseanta 5

Co-phàirt	Comharra	Ùine
Pàipear nan ceistean	70	2 uair agus 5 mionaid

Pàipear nan ceistean

Cha tèid atharrachaidhean sam bith a dhèanamh ris na roinnean Àrainneachdan Fiosaigeach no Àrainneachdan Daonna ann am pàipear ceistean 2022. Tha seo eadar-dhealaichte bho atharrachaidhean 2021 leis gum feumar dà sheòrsa cruth-tìre, mar a chithear ann an sònrachadh a’ chùrsa, a bhith air an còmhdach anns an roinn Àrainneachdan Fiosaigeach.

Anns an roinn Cùisean Cruinneil, thèid an àireamh de cheistean roghainneil a dh’fheumas tagraichean a fhreagairt a lùghdachadh bho dhà gu aon, ionann ris an atharrachadh airson 2021. Lùghdaichidh seo an àireamh de chomharran airson na roinne seo bho 20 gu 10 comharran. Chan toir seo buaidh air structar nan roinnean seo oir bidh a h-uile ceist roghainneil ri fhaighinn.

Obair Shònraichte

Chaidh seo a thoirt a-mach airson seisean 2021–22.

Bu chòir dhut a bhith ag amas air na sgilean agus an t-eòlas a tha co-cheangailte ris an obair shònraichte a libhrigeadh gus dèanamh cinnteach gu bheil tagraichean ullaichte airson adhartas san àm ri teachd, ach tha thu saor gus co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh ùine seach nach tèid na sgilean sin a mheasadh mar phàirt de mheasadh cùrsa 2021–22.

Àrd-Ìre

Co-phàirt	Comharra	Comharra Sgèilte	Ùine
Pàipear nan ceistean 1: Àrainneachdan Fiosaigeach is Daonna	100	50	1 uair agus 50 mionaid
Pàipear nan ceistean 2: Cùisean Cruinneil agus Sgilean Cruinn-eòlais	40	20	50 mionaidean

Pàipear nan ceistean 1: Àrainneachdan Fiosaigeach is Daonna

Cha tèid atharrachaidhean sam bith a dhèanamh ris a' phàipear cheistean seo. Tha seo eadar-dhealaichte bho atharrachaidhean 2021 leis gum feumar na feartan fiosaigeach ann an cruthan-tìre aibhne, eigh-shruth agus cladaich a chòmhdach.

Pàipear nan ceistean 2: Cùisean Cruinneil agus Sgilean Cruinn-eòlais

Anns an roinn Cùisean Cruinneil, thèid an àireamh de cheistean roghainneil a dh'fheumas tagraichean a fhreagairt a lùghdachadh bho dhà gu aon, a tha ionann ris an atharrachadh airson 2021. Lùghdaichidh seo an àireamh de chomharran airson na roinne seo bho 40 gu 20 (20 gu 10 às dèidh sgèileadh). Chan toir seo buaidh air structar nan roinnean seo oir bidh a h-uile ceist roghainneil ri fhaighinn.

Obair Shònraichte

Chaidh seo a thoirt a-mach airson seisean 2021–22.

Bu chòir dhut a bhith ag amas air na sgilean agus an t-eòlas a tha co-cheangailte ris an obair shònraichte a lìbhrigeadh gus dèanamh cinnteach gu bheil tagraichean ullaichte airson adhartas san àm ri teachd, ach tha thu saor gus co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh ùine seach nach tèid na sgilean sin a mheasadh mar phàirt de mheasadh cùrsa 2021–22.

Àrd-ìre Adhartach

Co-phàirt	Comharra	Ùine
Pàipear nan ceistean	50	2 uair agus 30 mionaid
Pròiseact-folio Sgrùdadh Cruinn-eòlasach	60	air a dhèanamh thar ùine
Pròiseact-folio Cùis Chruinn-eòlasach	40	air a dhèanamh thar ùine

Pàipear nan ceistean

Cha tèid atharrachaidhean sam bith a dhèanamh ri pàipear nan ceistean airson seisean 2021–22. Bu chòir an cothrom a thoirt do thagraichean na dòighean cruinn-eòlasach air fad a tha air an comharrachadh ann an sònrachadh a' chùrsa a leasachadh.

Pròiseact–folio Sgrùdadh Cruinn-eòlasach

Cha tèid atharrachaidhean sam bith a dhèanamh ri Sgrùdadh Cruinn-eòlasach airson seisean 2021–22.

Pròiseact–folio Cùis Chruinn-eòlasach

Cha tèid atharrachaidhean sam bith a dhèanamh ri Cuis Chruinn-eòlasach airson seisean 2021–22.

Ma tha ceistean sam bith agad mu na h-atharrachaidhean seo, cuir post-d gu qualification.development@sqa.org.uk.